

Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein

Dè th' ann am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein?

'S e pàigheadh bliadhnail a th' ann am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein a chuidicheas daoine aig aois a' pheinnsein gus na bilean teasachaidh aca a phàigheadh.

Tha e a' dol an àite Pàigheadh Connaidh Geamhraidh bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnsein (DWP) ann an Alba.

Cò gheibh am pàigheadh?

Gheibh luchd-peinnsein na stàite ann an Alba a rugadh air no ro 21 Sultain 1959 am pàigheadh sa gheamhradh 2025/2026.

Ma tha an teachd-a-steach cìs-bhuailteach aca os cionn £35,000, bheir Cìs is Cusbainn A Mhòrachd (HMRC) am pàigheadh air ais tron t-siostam chìsean.

Am feum daoine iarrtas a chur a-steach?

Gheibh a' mhòr-chuid de dhaoine pàigheadh gu fèin-ghluasadach agus chan fheum iad iarrtas a chur a-steach.

Dè na tha am pàigheadh?

Gheibh daoine pàigheadh eadar £101.70 agus £305.10 a rèir an t-suidheachaidh rè na seachdain teisteanais (15 gu 21 Sultain 2025).

Cuin agus ciamar a thèid am pàigheadh a dhèanamh?

Chan fheum a' mhòr-chuid de dhaoine dad a dhèanamh agus gheibh iad am pàigheadh gu fèin-ghluasadach a-steach don aon chunntas ris a' pheinnsein stàite aca no ri sochairean Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba.

Thèid pàighidhean a dhèanamh bhon t-Samhain 2025 agus cumaidh iad orra tron gheamhradh.

Gheibh daoine a tha os cionn aois peinnsein na stàite agus aig a bheil teachd-a-steach cìs-bhuailteach de chòrr is £35,000 am pàigheadh cuideachd. Ach, thèid an t-suim a thoirt air ais le HMRC an uair sin.

Ciamar a bhios HMRC ag obrachadh a-mach teachd-a-steach bliadhnaile dhaoine?

Bidh an stairsneach teachd-a-steach bliadhnaile de £35,000 a' gabhail a-steach teachd-a-steach cìs-bhuailteach. Mar eisimpleir: peinnsean na stàite, peinnseanan prìobhaideach, cosnadh agus sàbhalaidhean is tasgaidhean nach eil ann an ISA. Faodaidh daoine inneal air-loidhne a chleachdadh aig mygov.scot/pensionheating gus faicinn a bheil an teachd-a-steach aca os cionn na stairsnich agus ciamar a bheir HMRC air ais e.

Cuin a bheir HMRC air ais Pàighidhean Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein a chaidh a phàigheadh do dhaoine le teachd-a-steach os cionn £35,000?

Sgrìobhaidh HMRC gu daoine le barrachd fiosrachaidh. Thèid an t-airgead fhaighinn air ais le còd cìse fo PAYE. Feumaidh daoine a bhios a' cleachdadh Fèin-mheasadh am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh aig Aois a' Pheinnsein a thoirt a-steach mar theachd-a-steach nan aithris cìse.

Am faod daoine roghnachadh gun a bhith a' faighinn a' phàighidh?

Faodaidh. Faodaidh daoine roghnachadh gun a bhith a' faighinn a h-uile Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh aig Aois a' Pheinnsein san àm ri teachd. Faighibh a-mach mar a roghnaicheas sibh gun a bhith an sàs le bhith a' tadhal air mygov.scot/pensionheating.

An toir am pàigheadh buaidh air sochairean eile?

Cha toir. Cha bhi buaidh aig Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein air sochairean no measadh chìsean sam bith eile.

Bu chòir do dhaoine atharrachadh suidheachaidh innse do Roinn na h-Obrach is nam Peinnsean (DWP), mar eisimpleir gluasad a-steach do thaigh-cùraim no fuireach còmhla ri cuideigin eile a tha airidh air, gus dèanamh cinnteach gum faigh iad an luach ceart de phàigheadh.

Cò a dh'fhaodadh a bhith feumach air iarrrtas a dhèanamh airson a' phàighidh?

Dh'fhaodadh gum feum daoine tagradh a dhèanamh airson Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein ma tha iad anns na suidheachaidhean a leanas:

- ma tha iad air dàil a chur air am Peinnsean Stàite
- mur eil iad a' faighinn sochair eile bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnsean, Ministreachd an Dìon no Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba
- ma tha iad nan càraid le duais cho-roinnte airson Creideas Peinnsein, Cuibhreann Sireadair-obrach (JSA) Stèidhichte air Teachd a-steach, Cuibhreann Cosnadh is Taic (ESA) stèidhichte air teachd a-steach, no Creideas Coitcheann agus ma tha am prìomh neach a gheibh a' bhuannachd sin fo aois Peinnsein na Stàite

Ciamar a nì daoine tagraidh?

Gus iarrrtas a dhèanamh airson Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein, faodaidh daoine fios a chur gu Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba an-asgaidh air 0800 182 2222 gus iarrrtas a dhèanamh air a' fòn no gus foirm iarrrtais pàipeir iarraidh.

Is e an ceann-latha airson tagradh a dhèanamh airson geamhradh 2025/2026 31 Màrt 2026.

Dè an t-suim a tha daoine dualtach fhaighinn?

Cò tha a' fuireach san taigh?	Dè an aois a tha iad?	Dè an t-suim a gheibh iad?
Aon neach os cionn aois peinnsein na stàite	Fo 80 bliadhna a dh'aois	£203.40
	Os cionn 80 bliadhna a dh'aois	£305.10
Barrachd air aon neach os cionn aois peinnsein na stàite	Tha an dithis fo 80 bliadhna a dh'aois	£101.70 gach neach
	Tha an dithis os cionn 80 bliadhna a dh'aois	£152.55 gach neach
	Tha aonan fo 80 agus tha aonan os cionn 80 bliadhna a dh'aois	Gheibh an neach fo aois 80 £101.70 agus gheibh an neach os cionn 80 £203.40
Càraid a' tagradh airson Creideas Peinnsein còmhla	Tha an dithis fo 80 bliadhna a dh'aois	£203.40 ann an aon suim mhòr
	Tha neach os cionn 80 bliadhna a dh'aois	£305.10 ann an aon suim mhòr
Neach fa leth a gheibh sochair shònraichte*	Fo 80 bliadhna a dh'aois	£203.40 ge bith cò leis a tha iad a' fuireach
	Os cionn 80 bliadhna a dh'aois	£305.10 ge bith cò leis a tha iad a' fuireach
Neach a tha a' fuireach ann an cùram-còmhnaidh agus nach eil a' faighinn shochair	Fo 80 bliadhna a dh'aois	£101.70
	Os cionn 80 bliadhna a dh'aois	£152.55
Chan eil daoine a tha a' fuireach ann an cùram-còmhnaidh agus a' faighinn shochair shònraichte* airidh air Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Aois a' Pheinnsein		
*Tha sochair a' gabhail a-steach: Creideas Peinnsein, Cuibhreann Sireadair-obrach (JSA) Stèidhichte air Teachd-a-steach, Cuibhreann Cosnadh agus Taice Ceangailte ri Teachd-a-steach (ESA), Creideas Coitcheann, Taic Teachd-a-steach		

Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air:
0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300
244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org



Còmhradh-lìn: chat.socialsecurity.gov.scot